

ÒRAID CUIMHNEACHAIDH SHIR IAIN NOBLE

Cairistìona Walker

Sabhal Mòr Ostaig, 31 Dàmhair 2019

Cànan na coimhearsnachd, cànan nam bannan

Lucilla agus a chàirdean chòire

Chan urrainn dhomh innse dhuibh cho toilichte 's a tha mi a bhith air ais còmhla ribh aon uair eile san t-Sabhal Mhòr agus cha tèid agam air tomhas cho pròiseil 's a tha mi an t-urram seo fhaighinn an òraid seo a lìbhrigeadh. Tha sinn a-nochd, mar a thathar tric aig tachartas sam bith a tha a' gabhail àite aig SMO a' cuimhneachadh gu dùrachdach air Sir Iain Noble, Iain Uasal, aig an robh an tùr, an ro-shealladh agus an tuigse a dh'abhbharaich gu bheil Urras an Eilein agus SMO againn an-diugh. Le sin, tha ar smaointean a' tionndadh gu na tha Urras an Eilein air a dhèanamh do mhuinntir an eilein Sgitheanaich agus àitean eile. Tha sinn mar an ceudna cho taingeil do Shir Iain airson na Colaiste agus gach nì a tha i a' riochdachadh sa choimhearsnachd, ann an saoghal na Gàidhlig, ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta. Abair dìleab phrìseil! Bidh sinn gu bràth an comain Shir Iain airson a lèirsinn, a chuid spionnaidh agus a dhìlseachd don chànan, don chultar agus don dualchas.

Mo thaing do dh' Urras an Eilein airson m' fhiathachadh. A-nis ma tha sibh ag iarraidh air cuideigin rud a dhèanamh, cuiribh a dh'fhaighneachd don neach sin fear no tè air a bheil meas mòr aige no aice. Nuair a dh'fhòn Murchadh Peutan a dh'iarraidh orm an òraid seo a dhèanamh, cha robh dòigh air an robh mi a' dol a dhiùltadh. Tha Murchadh air a bhith na fhìor charaid dhomh bho thòisich sinn a' Streap còmhla bho chionn còig bliadhna deug. Cha robh fhios agaibh gum bithinn fhìn is Murchadh a' streap còmhla? Uill, tha fhios agaibh air a-nis! Bha sinn le chèile a' teagasg air cùrsa leasachaidh phroifeiseanta do thidsearan Gàidhlig air an robh an t-ainm Streap. Bha Murchadh ag obair cho dìcheallach agus cho dòigheil, càirdeil, bàigheil leis na tidsearan, cuid dhiubh gu math òg agus a' fulang le dìth misneachd, agus bha e dhaibh na shàr eisimpleir de thidsear a tha a' teagasg tro mheadhan na Gàidhlig, gam brosnachadh gu socair, ciallach. Sàr neach-teagaisg agus sàr Ghàidheal gu chùil! Dh'ionnsaich mise mòran bhuaithe san raon anns an robh sinn ag obair le chèile, ach a bharrachd air sin, bha e cho taitneach a bhith an cuideachd Mhurchaidh agus Etta feasgar nuair a bhiodh obair a' chùrsa seachad. Mo bheannachd agaibh nur dithis.

Agus taing mhòr do SMO cuideachd. Tha àite gu math sònraichte aig SMO nam chridhe agus tha e cho math cothrom fhaighinn seann eòlaich fhaicinn a-rithist agus mar an ceudna

faicinn cho math 's a tha Gillian agus Marsaili a' faighinn air adhart. Bha mi nam bhall den Bhòrd Stiùiridh aison deich bliadhna agus nuair a bhithinn a' tilleadh bho choinneamhan a' Bhùird agus ag innse cho mòr 's a bha an turas air fad air còrdadh rium, bhiodh an duine agam ag ràdh gu robh e air a bhith a' smaoineachadh gur ann ag obair a bha mi, ach a rèir m' aithris air a' chuideachd agus air na dinnearan àlainn a bh'againn, bha e a-nis a' tuigsinn gur ann a bha mi air a bhith air "jolly"! Agus mar as àbhaist, mar a bha a' tachairt air gach turas dhan eilean Sgitheanach thathar gam mhillleadh an turas seo.

Uill, seo sinn cruinn còmhla air Oidhche Shamhna. Cha robh fhios agam am bu chòir dhomh nochdadh ann an aodach dubh air sguab le ad àrd bhiorach dhubh, ach 's dòcha gu bheil an coltas faisg gu leòr às an aonais? No gum biodh naidheachd mhòr, ùr againn gun robh sinn mar Rìoghachd Aonaichte air an Aonadh Eòrpach fhàgail.....mu dheireadh thall. Mo chreach 's a thàinig, tha siud cleas na caillich a bhiodh a' tighinn a chèilidh dhan taigh againn agus bhiodh i a' dèanamh barrachd cèilidh is còmhraidh na suidhe air gàirdean an t-sèithir le còta uimpe agus i a' falbh dhachaigh na bha i air a dhèanamh mus tuirt i gun robh i a' falbh. An aon rud a chuir stad air an dol-a-mach aice b' e mo phiuthar-chèile às na Philippines a chanadh 's i a' toirt a còta don chaillich, "OK ma tha, mach à seo!" Is ioghantach mur an robh iomadach uair a bha Jean-Claude Juncker a' lùigeachdainn sgaltaich ri Theresa agus ri Boris, "Tha sibh airson falbh? OK ma tha, mach à seo!" Agus Boris? Mar a thuirt mo bhanacharaid chòir, Mairead Niclòmhair, agus is minig facal math aice, "Siud agad, a Chairistiona, Eton Mess!" Mur a robh fios aca anns a' Bhruiseal gu dè dha rìreabh a th' ann an Eton Mess, tha fios is faireachdainn aca air a-nis!

A-nis, gu cuspair na h-òraid. Thug mi fad mo bheatha inbhich ann am foghlam foirmeil, an dara cuid ag ionnsachadh no a' teagasg, agus tha mi ag iarraidh gluasad air falbh bhon sin a-nochd gu ionnsachadh nach eil idir foirmeil. Tha mi airson bruidhinn airson greiseag air cuspair a bha gu math dlùth do chridhe Shir Iain agus a tha glè dhlùth dom chridhe fhìn agus 's e sin Gàidhlig sa choimhearsnachd. Chan eil teagamh sam bith nach eil beatha coimhearsnachd agus cànan air an dlùth cheangal agus bu mhath leam beachdachadh air a' bheairteas a bh' againn uair nar cànan màthaireil anns a' choimhearsnachd, a' bhuaidh a bh' aig foghlam air a' chànan, agus a bheil dad ann as urrainn dèanamh gus an crìonadh a stad agus ar cànan ath-bheothachadh.

Thuirt an t-eòlaiche cànan ainmeil Joshua Fishman gur ann dha-rìreabh ann an coimhearsnachd a bhios cànan beò, agus gum feumar an cànan a stèidheachadh aig an ìre sin mus bi iomairtean eile soirbheachail. Nach eil sin cho fìor agus cho follaiseach nuair a choimheadas sinn air ais air ar coimhearsnachdan fhèin, mar a bha iad agus mar a bha ar cànan cho fallain? Cha b' urrainn do leanabh a chaidh a thogail ann an dachaigh le Gàidhlig gun an cànan ionnsachadh agus a thogail ann an dòigh nàdarach. Sin an cànan anns an deach na bannan a chur sìos, le pàrantan, leis an teaghlach uile, le càirdean agus caraidean, le nàbannan agus leis a h-uile neach a bha beò còmhla sa choimhearsnachd. Thig mi air ais

gu na bannan agus cho cudromach 's a tha iad, oir nam bheachdsa, feumaidh sinn a bhith mhothachail ann an saoghal an là 'n-diugh gu bheil sinn an an cunnart na bannan sin a chall.

Mar eisimeir air seo, tha mi airson a dhol air ais, iomadh bliadhna, gu bliadhnaichean m'òige agus a' choimhearsnachd anns an do thogadh mi. Rugadh agus thogadh mi ann an Siabost air taobh siar eilean Leòdhais, baile beag brèagha a tha ainmeil air diofar adhbharan. Tha muileann a' chlà Hearaich ann an Siabost. Bha dhà ann nuair a bha mise òg ach dhùin aonan bho chionn fhada. Bidh a' mhòrchuid agaibh air an t-òran a chluinntinn, "'S e Siabost as bòidhche, far na thogadh òg mi suas." Bidh sibh cuideachd eòlach air an rannsachadh a rinn Gillian agus a co-obraichean air Cor na Gàidhlig ann an Siabost. Chòrd e rium gu mòr a leughadh, Gillian, ach chuir e tiomhachd orm aig an aon àm dearbhadh fhaicinn ann an dubh 's an geal air nì air a bheil mi gu math mothachail a h-uile turas a tha mi a' dol dhachaigh. Is e sin mar a tha an cànan ann am baile m' àraich air atharrachadh bho dh'fhàg mi. Ach is dòcha nach eil fhios agaibh gu bheil Siabost ainmeil air adhbhar eile cuideachd, agus chan fhaigh sibh am fiosrachadh ioghantach seo ann an leabhar, ann am pàipear rannsachaidh no air Google Scholar. Tha e coltach, an coimeas ri àireamh an t-sluaigh gu bheil barrachd bhaidsealaran ann an Siabost na tha ann am baile sam bith eile ann an Alba. Abair gun tug siud orm a' cheist a bh' aig a' bhàrd mu Chàrlabhagh a chur orm fhìn, "Carson a-rèist a dh'fhàg thu e?" B' e mo bhanacharaid ann an Obar Dheathain a chunnaic am fiosrachadh ann am pàipear (cha b'e An Times a bha i a' leughadh aig an àm!) agus chuir i teacs thugam a dh'fhaighneachd cuin a bha mi a' dol a thoirt fiathachadh dhi a dhol nam chois a Shiabost, oir chan eil i pòsta. Chan b' urrainn dhomh ach rabhadh a thoirt dhi, "Fuirich thusa gu am faic thu na bachelor pads a tha siud!"

Dè seòrsa coimhearsnachd a bh' ann an Siabost ma tha? Bha am baile air a roinn: Siabost bho dheas far an robh an dachaigh agamsa, anns a' Ghearraidh Mhòr, agus Siabost bho Thuath no am Baile Thall, mar a bh' againn air. An dùil e sin a bh' aig a' Bhaile Thall oirne? Sin far an robh muileann a' chlà Hearaich, air a' Chàrnan. Bha Clèasbro, Gleann Shiaboist agus a' Phàirc air taobh na mòintich, an Gearraidh Mòr, an Gearraidh Buidhe agus an Cànan a' dol a-steach chun a' chladaich agus bha an Ceann a-Staigh agus Fìbhig ri taobh na mara. Bha beanntan brèagha air taobh sear a' bhaile, Beinn Uidealam, Beinn na Cloiche, agus Beinn Bhràgair no A' Bheinn Mhòr mar a bh' againn oirre. Bhithear a' maoidheann oirnn gun a dhol an taobh a bha Bogha a' Mhèirlich anns a' Bheinn Mhòr oir gun robh taibhse a' mhèirlich fhathast mun cuairt oirre. A rèir phàrantan, bha cnàmhan gach beathach caraoch agus mairt a bha e air a ghoid, a bhruic, agus ithe anns a' bheinn, agus a rèir beul-aithris b' e an duine mu dheireadh a chaidh a chrochadh ann an Siabost. Bha an tràigh air an taobh siar agus bha i dìreach àlainn. Bhithist a' maoidheann oirnn gun a dhol faisg air na creagan oir bha cunnartan follaiseach an sin, gu sònraichte timcheall air Geodh' an Tuill. Bhiodh an t-ainm fheìn a' cur gaoir tromhainn! Bha lochan brèagha ann, Loch a' Bhaile, Loch a' Chàrnain, Loch Ghrineabhat agus Loch Raoineabhat agus bhithist tric a' dol cuairt air bòrd nan lochan. Bha leasan eachdraidh anns an ainm Gàidhlig a bh' air gach cnoc is gach tom.

Dè tha sinn a' ciallachadh le cànan beò? Chanainn gur e sin cànan a tha ga chleachdadh ann an coimhearsnachd anns a h-uile suidheachadh, aig a h-uile ìre, cànan air a bheilear a' cur meas, anns a bheil luach agus a tha cho mòr na phàirt den choimhearsnachd 's a tha a' choimhearsnachd na pàirt den chànan. Tha iad beò còmhla, an co-eisimeil a chèile, a' fàs agus a' soirbheachadh còmhla, ag atharrachadh còmhla agus gu mì-fhortanach a' crìonadh agus a' bàsachadh còmhla cuideachd. Tha cànan beò ann an cridhe agus an anam gach neach a tha ga bhruidhinn agus ann an cridhe na coimhearsnachd. Chan e idir cnàmhalaich, ach cànan le fuil is feòil.

Cha robh aon dachaigh anns nach robh Gàidhlig ga bruidhinn ann an Siabost anns na caogadan agus na seasgadan, cànan a bha dha rìreabh beò. Chaidh aon neach deug dhan sgoil a' bhliadhna a chaidh mise innte, sianar às a' cheann-baile agam. Chluinnear sinn a' cabadaich ri chèile nar cànan fhìn a-mach 's a-steach rathad a' Ghearraidh Mhòir gach madainn 's gach feasgar. B' i a' Ghàidhlig an cànan anns an do chuir sinn sìos na bannan agus anns an do chuir sinn eòlas air càch a' chèile, anns an robh sinn a' cluich agus a' conaltradh, a' ghleadhraich, a' dèanamh fealla-dhà 's uaireannan a' còmhstri 's ag argamaid agus nuair a bhios sinn a' coinneachadh, sin an cànan a chleachdas sinn chun an là 'n-diugh air sgàth gum b' e sin ar toiseach tòiseachaidh. Sin cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur sìos nam bannan. Nam bharail-sa, cha ghabh cuideam gu leòr a chur air a' bhuaidh a th'aig seo air a' chànan.

Bha sloinneadh a' toirt dhut aithneachadh air gach teaghlach agus gach neach. Bha e furasta obrachadh a-mach bho na h-ainmean cò bhuaithe a thàinig gach duine agus cò a bha càirdeach dhaibh. Bha na h-ainmean a' leantainn an teaghlaich agus tha sin a' tachairt san teaghlach agamsa chun an là 'n-diugh. B' e Dòmhnall Thormoid Nèill a chanar ri m' athar agus Peigi Bheag Iain Fhionnlaigh rim mhàthar. Bha fhios agam sa bhad gu robh muinntir Iain Nèill agus muinntir Bharabal Nèill càirdeach dhomh air taobh m' athar agus gun robh co-oghaichean agam ann am Bràgar, muinntir Chalum Fhionnlaigh agus fear ann air an robh Fionnlagh Fhionnlaigh air taobh mo mhàthar.

Bha cuid air an ainmeachadh a rèir co às a thàinig iad bho thùs, bho bhadan eile de Leòdhas: Dòmhnall Alasdair Shiadair, Doileag Bharabhais, Calum Ailig Bhrù is Ciorstaidh Màiri Bhoireasdain, feadhainn a thàining à eilean eile mar muinntir an Scarpaich agus bha muinntir a' Charannaich air tighinn bho thìr mòr. Bha feadhainn eile air an aithneachadh air an dreuchd no air a' cheàrd a bh' aca fhèin no aig an athraichean. Bha taigh an sgiobair, taigh a' chaptain, taigh an t-siorraidh, taigh Iain Tàilleir, taigh an t-saighdeir, taigh a' mhisinearaidh agus taigh a' phìobaire sa bhaile. Bha an seòladair, am fìdhlear agus am muillear ann cuideachd agus b' ann do na gobhaichean a bha teaghlach m' athar. Bha eachdraidh nan gobhaichean ri fhaicinn ann an tobhta na ceàrdaich a tha fhathast air a' chroit againn.

Bha cuid air an comharrachadh ma bha dithis leis an aon ainm san teaghlach m.e. Calum Mòr is Calum Beag agus am Ballachan. Bha am Ballachan seachdad co-dhiù, a' chuimhne a th' agamsa air, ach bha e fhathast na bhallachan. Chaidh cuid ainmeachadh a rèir dath an fhuil no an craicinn: Dòmhnall Geal, Aonghas Iain Bhàin, Louis Ruadh agus Sùithean. B' e sin a bh' air mo sheanair agus air Niall, mo cho-ogha. Bha an teaghlach dubh sa cheann, dorch sna sùilean agus bhiodh an craiceann a' gabhail na grèine gu math. Buaidh na Feachd-mara Spàinntich, gun teagamh sam bith! Bha fear ann uair mun robh diamhaireachd a choreigin, Niall a bha an Cùl a' Chnuic, ach an aon uair a ghabh mi orm faighneachd cò an cnoc agus carson nach robh e a' fuireach am measg nan daoine, cha deach dad innse dhomh a bharrachd air gun robh e faisg dhuinn ann an càirdeas.

Ach b' iad an fheadhainn a b' annasaiche agus a b' inntinniche na far-ainmean! Bha iad cho geur agus cho eirmseach agus bha thu a' togail agus a' tuigse carson a chaidh am buileachadh. Bha An Ceusar agus Maois anns a' cheann-baile againne. Bha an Torpedo agus Coinneach an Dealanaich sa bhaile thall. Mus tàinig eagarachd phoilitigeach bha ainmean ann nach gabhadh duin' air a ghabhail air duin' eile an-diugh oir cha robh iad idir PC: am Pluicean agus am Brugan, an Crudhan, an Tocasaid agus cailleadh bheag air an robh a' Chonacag. Bha an Geàrr agus an Coileach ann. Tha fhios gun robh cluasan is casan fada air a' Gheàrr agus gun robh e a' buannachd rèisean na sgoile agus tha mi a' creidsinn gun robh an Coileach rudeigin coltach ris an eun. B' e baidsealar a bh' annsan, duine dàimheil, gasta, nàbaidh a bha a' fuireach tarsaing an rathaid bhuainne còmhla ri phuithar 's an duine agus dithis bhalach air an robh na Coilich Bheaga, dà bhaidsealair eile. Shaoileadh tu gum biodh gairm gu leòr san fhàrdaich sna maidnean, ach cha chuala mi riamh iad. Bha fear eile ann air choltas an eòin, agus b' e Iain Iteach a bh' airsan.

Bha cleachdadh eile, aig an teaghlach agamsa co-dhiù, ma bha duine a' dèanamh rud nach robh cneasda a bhith a' toirt Grànda air mar dhara ainm. Chluinnear tric Adolf Grànda Hitler agus Hermann Grànda Goring. Gu mì-fhortanach bha mi a' coimhead an telebhisein an là roimhe no bu chòir dhomh a ràdh gu mì-fhortanach cò a thàinig air na naidheachdan ach Ceann-suidhe nan Stàitean Aonaichte. Agus gu buileach mì-fhortanach dh'fhosgail e a bheul agus labhair e, rudan a bha gu tur mì-chneasda agus mì-chàileir agus chuala mi guth mo mhàthar, "Siud agad Dòmhnall Grànda Trump." An ath thuras a ch' sibh e, bidh fhios agaibh nach e Dòmhnall J a th' air idir ach Dòmhnall G Trump.

Bha daoine anns a' bhaile air an deach giobhtan sònraichte a bhuileachadh, nam beachd fhèin co-dhiù, agus an lùib sin, bhithist ag ionnsachadh mu leigheasan- cungaidh, iomadh gnè acfhainn, gach seòrsa deoch-leighis agus nuair a dh'fhàilnigeadh a h-uile dad eile, fiòsag. Bha mo sheanmhair uabhasach deònach air a bhith a' toirt dhuinn fiosag, gu h-àraid ma bha amharas sam bith oirre nach robh mòran ceàrr oirnn. Thigeadh am botal Syrup of Figs a-mach sa phreas agus mo mhionnan, chan innseadh tu breug tuilleadh. Bha seachdamh mac an t-seachdamh mic sa bhaile cuideachd, dotair tinneas an rìgh. Bha fear ann aig an robh an dà-shealladh agus bhithear uaireannan ag iarraidh a sheachnadh, eagal 's

gun innseadh e gun robh droch rud a’ dol a thighinn an rathad. Bhiodh e fhèin ag ràdh, an duine còir, nach lùigeadh e na seallaidhean a bha e a’ faicinn air duine beò. Agus bha duine an siud ’s an seo aig an robh, a rèir nam fathannan, a’ bhuidsinneach. Bhithist a’ toirt rabhadh dhuinn a bhith gu math faiceallach dè chanadh sinn nan làthair gus nach toireadh iad an droch shùil oirnn agus, às bith dè thachradh, gun innse dhaibh cia mheud uan a bh’ againn. Fìor no breugach ’s gun robh na fathannan, tha fhios agam nach robh duine anns an fàrdaichean sin aig an robh samhla air thalamh ri Harry Potter.

Bha bàrd-baile againn cuideachd, baidsealair nach robh tric a’ dol a-mach, duine socair, sàmhach a bhiodh a sgrìobhadh rannan èibhinn mu naidheachdan a bha a’ tarraing aire. Bha tòrr anns a’ phàipear-naidheachd agus air an rèidio aig an àm mu bhoireannach calma, sgairteil a choisich bho Cheann Shasainn gu Taigh Iain Gròta, rud a bha annasach dheth fhèin, ach na b’ annasaiche buileach b’ e glasraiche a bh’ innte agus fhads a bha i air an t-slighe mhòr fhada, a’ campachadh fo na rionnagan, cha robh i ag ithe ach cnothan, mil, measan agus lusan amh. Bha seo na adhbhar ioghnaidh ann an Siabost far an robh sinn ag ithe a h-uile mìr de na caoraich a bharrachd air na h-adhaircean agus na crudhan. Chuir Dr Barbara Moore Murchadh Iain gu bàrdachd a bha a’ tòiseachadh:

“Is mise Barabra chruaidh na Mòintich

’S cha do dh’ith mi feòil a-riamh....”

Nuair a chaidh diùltadh dhan Bhan-phrionnsa Mairead Captain Peter Townsend a phòsadh a chionns gun robh e air a bhith pòsta roimhe, sgrìobh Murchadh Iain:

“Tha Pàdraig Cheann Baile a-nise gun leanain

Tha Pàdraig Cheann Baile gun bhràmair

It’s just been announced in the House of Clarence

That she could not marry poor Pàdraig!”

Bhiodh e cuideachd a’ sgrìobhag rannan beaga mu dhaoine sa bhaile agus tachartasan beaga a bha a’ gabhail àite. Bha teaghlach aig Iain Iteach air an do bhruidhinn mi roimhe agus bha nighean aige a bha uabhasach spaideil. Bha i mar Dolly Parton Shiaboist, agus sgrìobh Murchadh Iain:

“Tha Stoidhleag Iain Itich

A-mach Tom an Fheòir”

B’ ann tro bhith a’ gabhail pàirt ann am beatha an teaghlaich bu mhotha a bhathar ag ionnsachadh. Bha ochdnar anns an taigh againn, mo phàrantan, dithis bhràithrean, mo phiuthar agus mise, mo sheanmhair agus piuthar mo mhàthar. B’ e banntach lolaire a bha

nam sheanmhair. Bha i a' coimhead às dèidh Catriona m' antaidh air an robh muscular distrophe agus nach robh air chothrom coiseachd. Bha an dachaigh daonnan trang leis na bh' innte de dhaoine agus bha luchd-tadhail a-mach 's a-steach gun sgur. Agus bha ri thuigse gun robh tòrr ri dhèanamh! Nam faighnicheadh tu dham mhàthair an robh dad ann a dhèanadh tu, chanadh i "Tha do dhà shùil 's an latha agad." Bha nigheadaireachd, iarnaigeadh, leapannan ri chàradh, gleans ri chur air àirneis, sgrìobag ri thoirt air siud agus boiseag ri thoirt air seo, biadh ri dheasachadh, fuine, làr ri sgùradh, luath ri thogail, teine ri lasadh, mòine ri thoirt a-steach agus bha tòrr sgudailearachd a' dol air adhart san t-sinc. Ach an rud a bha math mun sin, bhiodh mo mhàthair agus m' antaidh a' seachas fad na h-ùine a bha sinn ris an obair, a' cur seachad na tìde dham phiuthar 's dhomhsa le sgeulachdan bho bheul-aithris agus criomagan inntinneach mu rudan bh' air tachairt sa bhaile, ann an cànan a bha làn ghnathasan-cainnte agus abairtean nach dìochuimhneadh tu gu bràth.

Sibhse a tha eòlach air teagasg agus air foghlam, tha fios agaibh gu bheil diofar dhòighean ionnsachaidh ann, *learning styles* a chanar riutha sa Bheurla. Tha cuid a tha ag ionnsachadh tro bhith a' faicinn m.e. dhealbhan agus ìomhaighean, cuid tro bhith a' cluinntinn fhuaimnean agus ceòl, cuid a tha nas comasaiche ionnsachadh tro bhith a' cleachdadh fhaclan ann an còmhradh agus ann an sgrìobhadh, cuid tro ealain-reusanachaidh no *logic*, cuid a tha nas cofhurtaile ag ionnsachadh air an ceann fhèin agus cuid eile ann am buidhnean, agus tha cuid a dh'ionnicheas gu soirbheachail tro bhith a' cleachdadh am bodhaig, an làmhan agus a' deànamh, mar a chanar anns a' chànan eile *kinesthetic learning*. Agus chanainn gu bheil an dòigh seo a' gabhail fo sgàile measgachadh de na dòighean eile agus nach eil duin' againn ag ionnsachadh ann an aon dòigh a-mhàin ach ann am measgachadh de dhiofar dhòighean. B' e m' athair a sgrìobh an leabhar air *kinesthetic learning* ach am facal a bh' aige air a shon b' e obair. Mar a' mhòrchuid sa bhaile, b' e croitear agus breabadair a bh' ann agus bha e air a bhith na shaor ron chogadh. Cha robh càil air aire ach obair bho èirigh na grèine gu soilleireachd na gealaich. Bha obair fhèin aig a h-uile creutair a bha san fhàrdaich, duine agus ainmhidh, gu h-àraid aig a cheathrar cloinne. B' e obair na croite agus na beairt a b' fheumaile a rèir coltais.

Fada, fada mus tàinig an Curraicleam airson Sàr-mhathais, a tha a' moladh ionnsachadh tro bhith a-muigh, b' ann tro bhith an sàs san obair air an t-sitig agus am measg nam beathaichean bu mhotha a dh'ionnsaich sinn. Bha tòrr chaoraich air an lot, seann rùda, eòlaiche, agus reithe òg, abstol a bha a' leantainn an rùda mar damh ann an ceò. Aig amannan sònraichte bha an treud ri stiùireadh gu amar gus am biadhadh, bha uaireannan rin gluasad bho aon phàirt den chroit gu pàirt eile, bha àm an reitheachd, àm nan uan. Bha againn ri cuideachadh le bhith gan cur a-mach chun na mòintich agus gan trusadh aig àm na fainge. Bha comharradh sònraichte ri chur orra; bha saoire no srianag de dhath air an druim agus bha comharradh anns na cluasan. Saoile ghorm a bh' againn agus dà bheum is gearradh anns a' chluais chèarr agus seòladh an taighe anns a' chluais dheis. Bhathar a' dùileachadh gun aithnicheadh an ceathrar againn iad anns a' bhad às bith càit' am biodh iad

ag ionaltradh. Bha a' chuid mhòr de na caoraich ann airson uain a thoirt dhan t-saoghal agus an treud a chumail a' dol ach bha muilt agus truaghag de chaor' uain an siud 's an seo air leth shùil no air leth chois (no trì chairteal a chois) a bha an dàn a dhol dhan phrais.

Bha cù chaorach ann, saith bheag thùrail, Caileag, aig an robh deagh eòlas air a dreuchd agus a bha ga h-ionnsachadh dha Sweep, a mac, a bha na fhoghlamaiche-ciùird no *apprentice*. Bha cat ann cuideachd airson a bhith na murtair, a' spadadh agus a' stialladh às a chèile a h-uile luch agus isean radain a lorgadh i san iodhlainn no a thigeadh a ghaoth an taighe. Bha i mar serial killer a' fagail nan closaichean air an starsnaich, rud a bhiodh a' cur an dearg chaothaich air mo mhàthair. Bhiodh a' phiseag a' faighinn ASBO gach dàrna latha, am beathach bochd nach robh a' dèanamh ach mar a bhathar a' sùileachadh bhuaithe.

Bha bò aig cuid de mhuinntir a' bhaile. Bha Bessie againn, beathach cho naomh, sèimh, solta 's a choinnich mi a-riamh. Bha sinn uile cho measail oirre agus ged a bha todhar ri chairteadh a-mach agus rudan nach robh cho càileir mu bhith a' glanadh na bàthaich, bha i fhèin san aon thrime bho mhoch nuair a bhithinn fhìn 's mo phiuthar ga toirt a-mach a dh'ionaltradh còmhla ri crodh a' bhaile gu feasgar nuair a bhiomaid ga toirt dhachaigh ro àm bleoghainn. Bha i gar cumail ann am bainne agus bhiodh laogh aice cha mhòr a h-uile bliadhna. Cha robh ach nuallan beag a' tighinn bhuaipe fiù's nuair a bha mulad oirre agus nuair a bhiodh an laogh ga bhreith. Bhithist ga chumail mas e laogh fireann a bh' ann 's mar sin bha damh againn ga gheamhrachadh. Uill, bha aonan sa bhàthaich. Bha còrr is aonan a-staigh oidhche Haoine às dèidh an dannsa! B' e là mòr a bh' ann nuair a bha an laogh ga bhreith agus bha an taigh air bhioran. Cha robh ceist air ar beòil ach "An do rug a' bhò?" gus mo dheireadh thigeadh m' athair a-steach a dh'innse gun robh laogh aice. Bha mise seachd nuair a bha dùil aig a' bhànrigh ris a' Phrionnsa Anndra. Tha e coltach, an là bha seo gun do ruith mi dhan rùm-suidhe leis a' phàipear-naidheachd gu m' antaidh agus gun do dh'èigh mi aig àrd mo chinn, "Seallaibh an dealbh. Rug a' Bhànrigh!" Bha Catrìona air a h-uabhasachadh agus thuirt i nach fhaodainn siud a ràdh mu bhoireannach sam bith agus gu seachd àraid mun bhànrigh. Bhiodh i ag ràdh gun do thòisich mi a' brunndal, "Uill, rug a' bhò. Rug Bessie. Carson nach can sinn gun do rug a' bhànrigh? A Shìorraidh, nach i a tha spaideil!"

Bha each againn airson a bhith a' dèanamh obair na talmhainn, samhail treabhadh. Bha a' choimhearsnachd air fad, a bharrachd oirne agus aon bhodach eile sa bhaile air cluinntinn mun Agricultural Revolution agus bhiodh iad a' dèanamh obair an àiteachais le tractair, ach dh'fheumadh Tommy a h-uile dad a dhèanamh dhuinne oir b' e sin a rinn ar seanair agus ar sinnsearan roimhe. Nach fhaodadh fhios a bhith againn, oir b' iad na gobhaichean! Bhiodh m' athair a' cur nan crudhan air, là mòr air nach fhaodadh a' chlann-nighinn a dhol faisg ach bhiodh mo bhràithrean ga chuideachadh, a' cumail rian air Tommy. Bha an t-each cho umhail dham athair agus dom bhràithrean agus bha iad nan triùir cho moiteil às. Bha e mar rìgh nam beathaichean dhaibh. Bha iadsan eòlach air diollaid, srian agus strioll ach cha robh na caileagan a' dol faisg a' mhìle orra sin. Dh'ionnsaich sinne gu math luath, colg dhìreach an aghaidh Bessie a bha cho solta agus cho modhail, cho furasta a làimhseachadh, gun robh e

seo a' sùileachadh fìor spèis bho na boireannaich agus mur a nochdadh iad sin dha, gum fàsadh e cho frionasach, feargach, fiathaich, a' cladhachd na talmhainn agus a' sealltainn nam fiacalan grànda buidhe aige dhuinn. Chunnaic mi e aon uair a' tionndadh air mo mhàthair gun adhbhar air bith, nuair bu chòir dha a bhith taingeil 's i a' toirt bad coirc dha. Dh'èrich e air a chasan deiridh agus chan fhaca tu karate moves a-riamh coltach riutha. Theab mo chridhe stad a' gabhail a-steach a' chumhachd 's a' chuideim a bh' anns na chasan toisich aige agus cha do dh'fhalbh an t-eagal ro eich bhuam a-riamh bhon latha ud. Bhithinn a' smaoinreachadh gun robh an Sàtan air làmh an uachdar fhaighinn air a' bheathach mhòr eireachdail. Cha robh am facal agam aig an àm agus chan eil am facal Gàidhlig agam fhathast, ach tha fhios is cinnt agam an-diugh nach robh ann an Tommy againn ach sexist!

Bha cearcan ann cuideachd, ann an taigh-chearc beag, snog piòs air falbh bhon taigh, a' gègail air an spiris 's a' gogadaich anns a' chonas agus bhiodh cearc-ghuire no dhà agus eireagan againn a h-uile bliadhna. Bha uighean rin tional gu cunbhalach. Bha trustair de choileach ann, làn testosterone, a bha a' bagairt ar bìdeadh bho àm gu àm. Bu cmhòr am beud nach do dh'ionnsaich e modh bhon fhìor Choileach tarsaing an rathad!

Bha bùth bheag aig ceann rathad na Pàirce far an robh am baile a' tadhal cha mhòr a h-uile latha agus Post Oifis far am bithinnsa a' dol a dh'fhaighinn nam pàipearan agus òrdugh tombaca m' athar Disathairne. Bha tòrr dhaoine a' turachairt air a chèile an sin agus gheibheadh tu naidheachdan a' bhaile, nam measg breith, geallaidhean pòsaidh, agus bainnsean, adhbharan gàirdeachais, agus air an làmh eile tinneas, trom-inntinn, èiginn, daoine a bha air an caomhnadh 's iad an uchd a' bhàis agus naidheachd bàis fhèin, fìor adhbharan bròin, uaireannan fathannan mu aimhreit agus buaireadh am measg theaghlachan agus nàbannan, cuis eagail. Gheibheadh tu fios mu thaigh-fhaire, caithris na h-oidhche no tiodhlacadh.

Bha Gàidhlig na h-eaglaise uabhasach inntinneach. Bha cànan an seo nach robhar a' cleachdadh an tac an teine. Bhiodh m' athair a' gabhail an Leabhair sa mhadainn agus mus deidheadh sinn dhan leabaidh agus bhithist a' dol dhan eaglais latha na Sàbaid. Bha facail mar geur-leanmhainn, fòirneart, braighdeanas, ana-cheartas, dorchadas an aineolais, maitheanas agus breitheanas ùr dhuinn. Tha mi toilichte a ràdh nach robh eòlas againn air geur-leanmhainn no air fòirneart san dachaigh. Braighdeanas.....uill.....ach cha robh an sin ach obair agus ma bha càil a' dol gad shàbhaladh bho theintean ifrinn, b' e an obair! Bha cainnt a' Bhìobaill mar chànan ùr agus bha mise air mo bheò-ghlacadh leatha, oir bha facail agus abairtean ùra rin cluinntinna h-uile turas a dheidheidh caibideil a leughadh.

Ciamar nach b' urrainn dhut ionnsachadh, agus cànan beairteach aig a sin, anns na suidheachaidhean sin? Agus dad a b' fheàrr dheth, cha robh for agad gun robh thu ag ionnsachadh. Cha robh saothair no spàrn sam bith sa chùis. Bha thu a' togail rudan gu nàdarrach, agus nas cudromaiche buileach bha thu air do bhogadh ann an cleachdaidhean agus ann an cultar a' chànan, agus bha an cànan agad ag airson a h-uile dad a bha thu a'

dèanamh no air an robhar a’ bruidhinn. B’ ann sa Ghàidhlig a chaidh na bannan uile a stèidheachadh agus a dhaingneachadh anns a h-uile suidheachadh sa choimhearsnachd.

Cha robh mo bheathasa ann an Siabost, uill, a bharrachd air a’ mhisogynist a bh’againn san stàball, eadar-dhealaichte bho bheatha neach sam bith eile a chaidh a thogail leis a’ Ghàidhlig aig cridhe caitheamh-beatha an t-sluaigh, agus nach sinn a bha fortanach! Cha chreid mi nach biodh coimhearsnachd den t-seòrsa air còrdadh gu mòr ri Sir Iain.

Tha mi air greis a chosg air a’ phàirt ud den òraid, air ionnsachadh neo-fhoirmeil, agus tha mi a-nis a’ gluasad gun bhuaidh a bh’ aig foghlam foirmeil. Na gabhaibh dragh oir cha chùim seo fada mi! Cha do rinn e ach tàir a dhèanamh air a’ Ghàidhlig ri linn ’s nach deach smid den chànan a chleachdadh anns a’ bhun-sgoil a bharrachd air aon leabhar leughaidh beag gun bhun gun bhàrr a fhuair sinn an leth-uair mu dheireadh feasgar Dihaoine air Clas a Seachd. Cha b’ urrainn dhuinn fuireach gus faighinn a-mach dhan raon-chluich gus bruidhinn nar cànan nàdarrach, an cànan anns an robh an càirdeas againn air a stèidheachadh.

Agus bha a’ Ghàidhlig air a mùchadh buileach san àrd-sgoil. Ann an cridhe saoghal na Gàidhlig, Eilean Leòdhais, ma bha thu a’ deànamh dà chànan, b’ e Fraingis a dh’fheumadh tu a ghabhail agus taghadh a dhèanamh eadar Laideann agus Gàidhlig. Thagh a’ chuid mhòr de na fileantaich Gàidhlig, a bharrachd air neach an siud ’s an seo don deach Laideann a mholadh oir bha iad ag amas air lagh no dotaireachd mar dhreuchd. A-nis ma tha tidsear ag iarraidh ùidh chloinne a thogail agus a chumail, tha e air leth cudromach na thathar a’ teagasg a cheangal ri rudan anns a bheil iad a’ gabhail pàirt, anns a bheil ùidh aca no tha a’ buntainn rim beatha. Cha do thachair sin anns an t-seòmair Gàidhlig anns na sia bliadhna a bha mise an sàs sa chuspair! Ged nach robh an siostam a’ ceadachadh ar teagasg anns a’ chlas Gàidhlig nar cànan fhèin, cha chreid mi gun robh e toirmisgte don luchd-teagaisg facal Gàidhlig a bhruidhinn riunn anns an dol seachad! Cha do thachair sin nas motha. Cha deach ainmeachadh gun robh bàrd no sgrìobhadair againn an Leòdhas, cùis smaoineachaidh nuair a chitheamaid bho uinneig na sgoile Mealabost Mhurchaidh MhicPhàrlain agus Biastan Huilm far an deach an lolaire air na creagan. Smaoinichibh cho ealanta ’s a bhiodh sgoilearan a bha fileanta a’ deasbad air òrain mar *A-raoir Reubadh an lolaire* agus *Màl na Mara*, gan ceangal ri sgrios na h-lolaire agus cùisean eile den t-seòrsa a bha dlùth dhar cridhe. Bhiodh *’S fhada leam an Oidhche Geamhraidh* air cothrom air leth a thoirt dhuinn bruidhinn air buaidh a’ chogaidh air an eilean agus air na daoine a dh’fhalbh às as dèidh a’ chogaidh air a’ Mhetagama a-null a Chanada agus a dh’Ameireaga. Cha robhar a’ teagasg dhuinn ach bàrdachd à saoghal eile agus tuil de ghràmar, uile tro mheadhan na Beurla, le tidsearan a bha cho fileanta ris a’ bhàrd.

Thug an Dotair Iain MacAonghais nach maireann iomradh air an dearbh rud ann an agallamh air an rèidio far an robh e a’ cuimhneachadh air a làithean sgoile. Thuirt e nach do rinn cho beag Gàidhlig ’s a fhuair esan agus a cho-aoisean sa bhun-sgoil no gun robhar ga teagasg tro mheadhan na Beurla san àrd-sgoil cron sam bith air a’ Ghàidhlig aca air sgàths gun robh i aca

am measg a chèile. B' e sin cànan nam bannan. Tha sin cho fìor 's a ghabhas ach dh'fheumainn cur ris nach do rinn an siostam oidhirp air bith a' Ghàidhlig a bh' againn roimhe a dhaingneachadh no a leudachadh, co-dhiù le cànan a bha gu bhith feumail nar beatha làitheil. Mur a robh sin a' tachairt anns na dachaighean agus anns a' choimhearsnachd, cha robh e a' dol a thachairt tro fhoghlam. Abair buille don chànan! Nach ioghantach mar a tha a' chuibhle air a dhol mun cuairt a thaobh foghlam? Tha Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig na bhuannachd thar tomhais agus na bheannachd do shaoghal na Gàidhlig.

Tha fios againn le cinnt gu bheil an saoghal a bh' ann agus na coimhearsnachdan far an robh an cànan cho beò agus cho prìseil air atharrachadh gu mòr. Bha sin gu math follaiseach ann an toraidhean an rannsachaidh a rinn Gillian agus a co-obraichean anns a' bhail' agamsa agus tha mi den bheachd gun robh toraidhean Shiaboist a' riochdachadh cor na Gàidhlig air feadh eilean Leòdhais co-dhiù. Chan eil an cànan ga bruidinn a-nis ach ann an seasgad 's a sia sa cheud de dhachaighean ann an Siabost. Tha i air a dhol à bith anns an treas earrainn de na dachaighean anns an robh i cho beò agus cho fallain bho chionn caogad bliadhna. Feumaidh sinn aideachadh gu bheil na coimhearsnachdan fhèin a' crìonadh agus gu bheil a' bhuil air a' chànan, air a' chultar agus air a h-uile mìr de dh'eachdraidh nan coimhearsnachdan agus air aithne an luchd-labhairt. Anns an leabhar aige *"How Language Works"*, tha an t-eòlaiche cànan David Crystal a' sgrìobhadh air cànan a' crìonadh agus a' toirt iomradh air na thuirt an t-ùghdar Astràilianach David Malouf ann an aiste *"When I think of my language no longer being alive in the mouths of men, a chill goes over me that is deeper than my own death, since it is the gathered death of all my kind."*

Dè a-rèist a ghabhas dèanamh? B' fheàrr leam na 'n saoghal gun robh saidheans spudnaigeach a choreigin agam, ach tha eagal orm nach eil *rocket science* sam bith agam dhuibh. Ach gun a bhith ro dhubhach, **tha** rudan ann a ghabhas dèanamh.

Tha a' chuibhle air a dhol mun cuairt agus is ann tro fhoghlam a tha an ginealach a tha a' fàs a' dol a dhaingneachadh an cuid Ghàidhlig. Feumaidh sinn taic a chur ris agus dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a thathar a' teagasg feumail do na sgoilearan, a' buntainn rim beatha agus gu bheil an uidheam agus na h-innealan a thathar a' toirt dhaibh, sin an cànan, iomchaidh gu ìre far a bheil comas agus misneachd aca a chleachdadh anns gach suidheachadh far a bheil iad ag iarraidh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig.

Feumar cuideachd a h-uile brosnachadh a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus buannachdan dà-chànanais fhoillseachadh.

Ach tha mi gu daigheann den bheachd nach eil foghlam leis fhèin gu leòr gus neach a thoirt gu fìor fhileantas agus gus tuigse fhaighinn air a' chultar. Dhomhsa cha ghabh luach gu leòr a chur air iomairtean a tha a' toirt cothrom do neach sam bith a th' air an t-slighe gu fileantas ùine a chur seachad ann an coimhearsnachd Gàidhlig. Sin far an ionnsaich iad an cànan gu nàdarra agus far an cuir iad ris na tha iad air ionnsachadh ann an suidheachadh foirmeil. An

dèidh sia bliadhna de Fhraingis a dhèanamh san àrd-sgoil far an robh mi air mo theagasg le tidsear Frangach, agus aig an ìre mu dheireadh tro mheadhan na Fraingis, bhathar ag ràdh rium gun robh mi fileanta. Airson Fraingis a theagasg, bha mi airson mo sgilean a leasachadh agus chuir mi romham greiseag a chur seachad ann an coimhearsnachd Fhrangach oir bha mi a' tuigse na buaidh a bh' air a bhith aig mo choimhearsnachd fhìn air mo Ghàidhlig. Chuir mi seachad faisg air ceithir mìosan anns a' Bhreatainn Bhig agus cha robh mi fada ann gus an do thuig mi nach robh agam ach Fraingis na sgoile. Cha robh neach anns a' bhaile bheag àlainn ud, Saint Briac sur Mer, aig an robh, no a dh'aidicheadh gun robh, facal Beurla, fiù's aig a' chaillich bhig dhan robh mi ag obair nam au pair no nam scalag, rud a bha duilich dhomh a chreidsinn oir bha i air a bhith na ceannard bun-sgoile. Co-dhiù b' ann am Fraingis a chuir mi sìos na bannan agus cha do bhruidhinn mi facal ach Fraingis fad na h-ùine a bha mi ann. Bha mi a' bruidhear ann am Fraingis nuair a thill mi dhachaigh agus tha sin ag innse gun robh fileantas air leth air tighinn ri linn a bhith sa choimhearsnachd.

Chan urrainn dhuinn sparradh air teaghlaichean a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig sna dachaighean ach is urrainn dhuinn innse agus dearbhadh a thoirt dhaibh cho buannachdail 's a bhiodh sin don fheadhainn a tha a' togail a chànan. Tha toraidhean rannsachaidh feumail dha rìreabh ann an leithid de shuidheachadh a' dearbhadh gu bheil sin soirbheachail. Is urrainn dhuinn cumail a' moladh do phàrantan a tha fileanta agus a tha a' cur an cuid chloinne gu Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a bhith a' conaltradh riutha aig an taigh anns a h-uile suidheachadh far an gabh e dèanamh agus do phàrantan aig nach eil an cànan cho fìor chudromach 's a tha Gàidhlig san dachaigh agus gum biodh e na fhìor bhuannachd don cuid chloinne nan ionnsaicheadh iad i.

Agus gu làitheil tha rudan beaga ann is urrainn dhuinn uile a dhèanamh. Tha sinn mar luchd-labhairt na Gàidhlig uile cho fortanach gu bheil sinn dà-chananach, leis a h-uile buannachd a tha na chois. Agus tha fhios aig an t-saoghal mhòr cho modhail 's a tha sinn. A-nis nuair a tha sinn a' bruidhinn ri luchd-ionnsachaidh, chan eil an dà neart sin a th' againn uaireannan nam buannachd dhaibhsan. Ma chì sinn iad a' strì airson facal no abairt no ma tha iad a' coimhead mì-chofhurtail, tha sinn a' tionndadh gu Beurla oir tha sinn comasach air sin a dhèanamh. Cha b' ionnan na Frangaich a bhiodh gam choimheadsa nam shnaimeannan a' feuchainn ri abairt no facal a lorg. An robh iad a' toirt cobhair orm? Cha robh. An do rinn sin cron orm? Cron maireannach? Cha do rinn. An robh rinn e gu feum dhomh? Ann an dòigh nach gabh a thomhas. *Feumaidh* sinn cothrom labhairt a thoirt do luchd-ionnsachaidh!

Agus thig mi air ais mu dheireadh gu far na thòisich mi, gu na bannan. Ma chuireas sinn sìos na bannan sa Ghàidhlig, tha e cho nàdarra sa ghabhas a bhith ga bruidhinn bhon chiad latha a choinnicheas sinn ri cuideigin a tha ga h-ionnsachadh. Ma thòisicheas sinn anns a' Bheurla, tha e tòrr nas duilghe tionndadh chun na Gàidhlig aon uair 's gu bheil an càirdeas air a stèidheachadh sa chànan eile.

Bha Fishman a' moladh gach oidhirp a thathar a' dèanamh a thaobh cànan a chumail beò a stiùireadh gu far as èifeachdaiche an t-oidhirp, san dachaigh agus sa choimhearsnachd agus mur eil coimhearsnachd a cheana ann, buidhnean a chruthachadh de luchd-labhairt a' chànain far am faigh iad an cothrom a bhith a' conaltradh gu neo-fhoirmeil nam measg fhèin agus far am faigh luchd-ionnsachaidh an cothrom ionnsachadh bhuapa agus labhairt còmhla riutha.

Tha mi cinnteach gun aontaicheadh Sir Iain gum feum sinn àite sònraichte a thoirt do bhuidhe na coimhearsnachd agus do bhuidhe nam bannan, oir b' e sin am feallsanachd a bh' aige anns na rinn e às leth saoghal na Gàidhlig.

Bu mhath leam taing a thoirt aon uair eile dhuibhse a bha an urra ris an oidhche seo a chur air dòigh agus dhuibhse a thàinig a dh'èisteachd. Mòran taing dhuibh uile agus beannachd leibh.